



Chad

Fiosrachadh Bunaiteach


'S e dùthaich mhòr ann an Afraga a th' ann an **Chad**. Tha mu 13 millean a' fuireach ann. 'S e **N'Djamena** am prìomh-bhaile, agus tha mu 1 millean a' fuireach an sin.

Bidh tòrr dhaoine a' bruidhinn Fraingis agus Arabais ann an Chad, agus tha còrr is 100 cànan eile ann cuideachd..

'S e dùthaich bho chd dha-rìreamh a th' innte, agus a' mhòr-chuid a' cosnadh gun ach \$2 no \$3 gach latha.

Cruth-tìre

'S e **Emi Koussey** a' bheinn as àirde ann an Chad aig 3,445m a dh'àirde.



Emi Koussey

Eaconamaidh

Ged a tha tòrr dhaoine bochda ann, tha an dùthaich làn de rudan feumail a bhios daoine air feadh an t-saoghail ag iarraidh.

Creideamh

Tha a' mhòr-chuid san dùthaich nam Muslamaich.

Cultar

Air sgàth 's gu bheil tòrr chultaran ann an Chad, tha ceòl sònraichte aice fhèin, le iomadh diofar stoidhle.

Beathaichean

Tha tòrr beathaicheann ann an Chad. Chì thu aibhein, sròn-adharcaich agus leòmhainn gu tric.



Leòmhann ann an Chad



Ceòl ann an Chad